

Fòcas

- A' cur sùim air coille
- Mothachadh nan ciad-fàthan
- Co-fhaireachdainn

Cuin?

Àm-latha

Càit?

Coille/àite coillteach

Meud buidhne

Dithis dhaoine no barrachd

Aoisean

4 agus nas sine

Na tha a dhith ort

Dall-bhratan

Carson a tha e sgoinneil?

Tha a' ghnìomhachd shimplidh seo a' lasadh ceangal, feòrachas agus spòrs, a' tionndadh craobh gu cuimhne fad-bheatha.



Coinnich ri craobh

Dè nì thu?

Bidh thu a' dèanamh ceangal ri nàdar ann an dòigh dhomhain agus phearsanta le bhith a' cleachdadh do chiad-fàthan – gu h-àraid beantainn — airson “coinneachadh” ri craobh. Bidh a' ghnìomhachd seo a' togail co-fhaireachdainn, a' geurachadh mothachadh agus a' fàgail buaidh fhaireachail mhaireannach.

Ciamar a chluicheas tu?

Ag obair mar dhithis

'S e aon neach an Taisgealaiche (le dall-bhrat air a shùilean), 's e an neach eile an Neach-iùil

Cuir dall-bhrat orra agus treòraich iad

Nan tost, tha an Neach-iùil a' treòrachadh an Taisgealaiche gu craobh shònraichte — craobh aig a bheil bàrc, cumadh no feartan air leth.

Fairich a' chraobh

Tha an Taisgealaiche, le dall-bhrat air, a' cleachdadh a làmhan airson airson a' chraobh fhaireachdainn:

- Fairich bàrc na craoibhe
- Dlùth-ghabh a' chraobh gus am fairich thu cho mòr 's a tha i
- Bean ri meangan, duilleagan, meuran agus freumhan

Till agus cuir dheth an dall-bhrat

Tha an Neach-iùil a' treòrachadh an Taisgealaiche air ais don phuing-thòiseachaidh, is dòcha le slighe eile.

Lorg a' chraobh agad

Le sùilean fosgailte, tha an Taisgealaiche a' feuchainn ri amas air a' chraoibh aca.

Atharraich dreuchdan

Faodaidh a h-uile duine an dà dhreuchd fheuchainn. Faodar cnuasachaidhean a cho-roinn ma tha ùine ann.



Comhairle

- Faodar pàiste òg a phaidhreachadh le inbheach
- Faodaidh clann a bhith a' treòrachadh inbheach ma tha iad fo mharasgladh.
- Atharraich astar coiseachd a rèir aois/comas.
- Ceist roghainneil:
“Ann an àite-eigin sa choille seo gheibhear craobh a tha air a bhith a' feitheamh ri bhith a' coinneachadh riut.”

#NatureNeedsHeroes

www.lochlomond-trossachs.org/naturehub

LOCH
LOMOND
& THE TROSSACHS
NATIONAL PARK

